

## Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh MG ALBA

Oifisean a' BhBC, Glaschu

Diciadain 11 Faoilleach 2017, 0930-1230

### Dreachd geàrr-chunntas

<b>Bòrd:</b>	Daibhidh Brew	Màiri Kidd
	Donaidh MacAmhlaidh ( <i>sa Chathair</i> )	Dùghall MacAmhlaigh
<b>Luchd-obrach:</b>	Niall M Greumach ( <i>Stiùiriche Ionmhais</i> )	Chris Dòmhnallach ( <i>Stiùiriche Obrachaidh</i> )
	Dòmhnall Caimbeul ( <i>Àrd-oifigear</i> )	Iseabail nic an t-Sagairt ( <i>Stiùiriche Roinnleachd is Co-bhanntachdan</i> )
<b>An làthair</b>	Stephen Pringle, Graham Gillespie bho <i>Wylie &amp; Bisset</i> airson a' chiad puing	

### Leisgeulan

Cha robh gin, ach ri linn gnothach èiginneach ghabh Daibhidh Brew a leisgeul airson a' chiad phuing agus gabh Donaidh MacAmhlaidh a' chathair.

Cha robh gnothach dearbhte sam bith ann.

### **1 Sgrùdadh in-thaigh 2016/17**

Bha Stephen Pringle agus Graham Gillespie Wylie & Bisset an làthair agus rinn iad aithris air an aithisg In-Sgrùdaidh aca. Mhìnich iad gun do choimhid iad air èifeachdas cleachdadh ghoireasan is maoin, gun deach an obair a chrìochnachadh gu dòigheil agus gur robh iad a' toirt seachad breith "Susbainteach" no "Substantial" às dèidh an sgrùdaidh. Cha robh gin a' mholaidhean aig ìre àrd aca, bha 3 molaidhean meadhanach aca agus 4 molaidhean aig ìre ìosal.

Chuir buill ceistean air an luchd-sgrùdaidh. Às dèidh còmhradh, ghabh a' Chomataidh leis an aithisg agus le freagairtean nan oifigear, leis am barrachd soilleireachd a leanas: airson moladh 3 (aonta laghail leis a' BhBC), cuirear ceann-là de 30/11/2017 air airson adhartas; agus airson moladh 4 (a bhith fastadh luchd obrach seach oibrichean air an ceann fhèin), chan eil oifigearan a' moladh gluasad gu fastadh ann an 17-18, ach cumar an t-suidheachadh fo shùil gach bliadhna.

### **2 Poileasaidh Thuarastail Sgioba Àrd-stiùiridh**

(*Àrd-oifigear a-mhàin*)

Gach bliadhna thèid planadh ionmhasail a dhèanamh airson tuarastail na h-ath bhliadhna.

Tha poileasaidh thuarastail an Sgioba Àrd-stiùiridh an urra ris a' Chomataidh, agus bha pàipear air beulaibh bhall a' sealltainn coimeas le buidhnean eile agus a' moladh thuarastail 2017-18. As dèidh còmhradh chaidh gabhail ri na molaidhean a leanas:

1. Gun lean an t-Àrd-oifigear a bhith ag aontachadh thuarastail an Sgioba Àrd-Stiùiridh taobh a-staigh chrìochan is poileasaidh aontaichte leis a' Chomataidh;
2. Gun robh a' Chomataidh riarachtaichte le moladh thuarastail nan stiùirichean;
3. Gun robhas ag iarraidh air an Àrd-oifigear moladh a chur mu choinneamh na Comataidh a thaobh bannan pàighidh Sgioba Àrd-Stiùiridh, a rachadh a chur an gnìomh an ath turas a bha fastadh a' tachairt. [Gnìomh DC]

### **3 Poileasaidh Thuarastail na Buidhne 2017/18**

*(Àrd-oifigear agus Stiùiriche Ionmhais a-mhàin an làthair)*

Bha pàipear air beulaibh bhall a' sealltainn dreachd chumadh obrach na buidhne agus buidseat thuarastail airson 2017-18. Chaidh còmhradh a chumail agus bha buill riarachtaichte. Thèid am buidseat deireannach mu choinneimh a' Bhùird air an 26 Faoilleach 2017.

### **4 Plana Obrachaidh 2017/18**

Bha dreachd Earrann 5 agus Pàipearan Taic Plana Obrachaidh 2017-18 air beulaibh bhall a' sealltainn dreachd chumadh na buidhne agus buidseatan airson 2017-18. Chaidh còmhradh a chumail agus bha buill riarachtaichte. Thèid am Plana slàn mu choinneimh a' Bhùird air an 26 Faoilleach 2017 agus gu Ofcom às dèidh aonta a' Bhùird.

### **5 Aithisg fa leth – buidseat trèanaidh Gach bliadhna thèid planadh ionmhasail a dhèanamh airson na h-ath bhliadhna.**

Bha pàipear air beulaibh bhall a' moladh atharrachadh ann am buidseat trèanaidh na buidhne bho £20k gu £30k, ri linn gluasadan teicnigeach agus ann an suidheachadh luchd obrach. Bha a' Chomataidh riarachtaichte an atharrachadh seo a mholadh dhan Bhòrd aig coinneamh 26 Faoilleach.

Mhol a' Chomataidh gun rachadh modh-ceadachaidh aontachadh le Ofcom nach fheumadh a bhith cho mionaideach bhon taobh acasan. [Gnìomh DC]

### **6 GISBE**

Chaidh còmhradh a chumail mu shuidheachadh ionmhais na buidhne agus na co-bhanntachd. Chaidh bruidhinn mun dùil gun aontaicheadh am BBC barrachd maoin a chur ri BBC ALBA. Bha a' Chomataidh làidir den bheachd gu feumadh ro-innleachd conaltraidh chumhachdach a bhith deiseil aig MG ALBA mu choinneimh droch naidheachd, gum bu chòir *scenarios* a chur mu choinneimh a' Bhùird air an 26 Faoilleach, agus gun robh e riatanach gum biodh Comataidh Pàrlamaid na h-Alba làn uidheamaichte airson ceasnachadh a dhèanamh air Àrd-stiùiriche a' BhBC san Fhaoilleach. [Gnìomh DC]

*Ainm sgrìobhte a' Chathraiche:*

*Deit:*